



curraicealam airson sàr-mhathais:
eòlas creideimh agus moraltachd
eòlasan agus builean

www.gaidhlig.ltscotland.org.uk



Eòlas creideimh agus moraltachd

Eòlasan agus builean

Tha ionnsachadh tro eòlas creideimh agus moraltachd¹ a' toirt comas dhomh:

- creideamh aithneachadh mar dhòigh cudromach air eòlas daonna a chur an cèill
- ionnsachadh mu dheidhinn, agus bho, na creideasan, luachan, cleachdaidhean agus traidiseanan Crìosdaidheachd agus creideamhan an t-saoghail air an taghadh airson sgrùdadh, traidiseanan eile agus beachdan nach eil an eisimeil creideimh
- eòlas agus tuigse chreideamhan a rannsachadh agus a leasachadh, ag aithneachadh àite Chrìosdaidheachd ann an Alba
- na freagairtean a rannsachadh agus a thuigsinn, a dh'fhaodas beachdan creideamhach agus neo-chreideamhach a thairgsinn do cheistean mu dheidhinn nàdar agus brìgh beatha
- iomadachd creideimh aithneachadh agus a thuigsinn, maille ri cudromachd creideimh sa choimhearsnachd
- spèis a leudachadh do dhaoine eile agus tuigse fhaighinn mu chreideasan agus chleachdaidhean a tha eadar-dhealaichte bhon fheadhainn agam fhìn
- luachan mar gliocas, ceartas, co-fhaireachdainn agus treibhdhreas a rannsachadh agus a stèidheachadh, agus a dhol an sàs ann an adhartas agus meòrachadh air mo luachan moralta fhìn
- mo chreideasan, bheachdan, luachan agus chleachdaidhean a thoirt air adhart tro smaoinichadh, lorg agus luachadh breithneachail
- sgilean meòrachaidh, tuigse, smaoinichadh breithneachail a thoirt air adhart, agus ciamar a nì mi co-dhùnadh moralta
- diofar dheimhinneach a dhèanamh don t-saoghal le bhith a' cur mo chreideasan agus mo luachan an cèill
- bunait làidir a stèidheachadh airson ionnsachadh fad-beatha, ionnsachadh adhartach agus ionnsachadh mar inbheach.

¹ Tha àite reachdail aig eòlas creideimh ann am foghlam na h-Alba co-cheangailte ri sgoiltean, ach chan eil ri ionadan ro-sgoile.

Crìosdaidheachd

	Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
Creideasan	<p>Nuair a bhios mi a' rannsachadh sgeulachdan, ìomhaighean, ceòl agus dàin Chrìosdail, tha mi a' fàs eòlach air cuid de na creideasan a tha aig daoine Chrìosdail mu Dhia agus Ìosa.</p> <p>RME 0-01a</p>	<p>Tro rannsachadh sgeulachdan a' Bhiobaill, 's urrainn dhomh iomradh a dhèanamh air cuid de na creideasan a tha aig Crìosdaidhean mu Dhia agus Ìosa.</p> <p>RME 1-01a</p> <p>Le bhith a' rannsachadh cuid de dh'àiteachan agus a' sgrùdadh fhuigheallan, tha mi a' toirt air adhart m' eòlas air creideasan Chrìosdail agus air àite Chrìosdaidheachd anns a' choimhearsnachd Albannaich agus anns an t-saoghal.</p> <p>RME 1-01b</p> <p>'S urrainn dhomh labhairt mun chreideasan fhìn, no an cur an cèill ann an dòighean eile.</p> <p>RME 1-01c</p>	<p>Tro rannsachadh agus meòrachadh air sgeulachdan a' Bhiobaill agus sgeulachdan Chrìosdail eile, 's urrainn dhomh mo thuigse mu na sgeulachdan sin a shealltainn.</p> <p>RME 2-01a</p> <p>Tro rannsachadh beatha agus teagasg Ìosa agus dhaoine eile ann an Crìosdaidheachd, tha mi a' meudachadh m' eòlais agus mo thuigse mu phrìomh chreideasan Chrìosdail.</p> <p>RME 2-01b</p> <p>'S urrainn dhomh tuigse mu chreideasan Chrìosdail a shealltainn, agus na h-ionannachdan agus na dìofaran a rannsachadh eadar iad sin agus mo chreideasan fhìn.</p> <p>RME 2-01c</p>	<p>An dèidh meòrachadh air bunan Chrìosdail, 's urrainn dhomh cuid de phrìomh chreideasan mu Dhia, Ìosa agus an suidheachadh daonna agus an saoghal nàdarra a mhineachadh, maille ri mar a tha na creideasan sin a' leantainn orra gu gnìomh airson Chrìosdaidhean.</p> <p>RME 3-01a</p> <p>Tro bhith a' rannsachadh agus a' smaoinichadh air mar a bhios Crìosdaidhean a' cur an creideasan an gnìomh, 's urrainn dhomh meòrachadh air toraidhean mar a chuireas mi fhìn mo chreideasan an gnìomh.</p> <p>RME 3-01b</p> <p>'S urrainn dhomh raon de chreideasan a mhineachadh, a tha aig Crìosdaidhean mu na 'ceistean deireannach' agus com-pàirteachadh ann an còmhraidhean mun deidhinn.</p> <p>RME 3-01c</p> <p>'S urrainn dhomh eisimpleirean a thairgsinn air mar a bhios creideasan Chrìosdail a' cur ri leasachadh na h-Alba, a-nis agus anns an àm a dh' fhalbh.</p> <p>RME 3-01d</p>	<p>An dèidh beachdachadh air prìomh chreideasan Chrìosdail, 's urrainn dhomh beachdan reusanta mun deidhinn a chur an cèill, agus deasbad mar a dh'fhaodte a bhith gan cur an gnìomh, airson buaidh a thoirt air daoine fa leth anns a' choimhearsnachd, agus 's urrainn dhomh taic a chur gu misneachail ri mo fhreagairtean fhìn do na ceistean creideis sin.</p> <p>RME 4-01a</p> <p>'S urrainn innse mun chuideachadh a bhios creideasan Chrìosdail a' toirt do adhartas ann an Alba, a-nis agus san àm ri teachd.</p> <p>RME 4-01b</p>

Crìosdaidheachd (a' leantainn)

	Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
Luachan agus ceistean	Nuair a tha mi a' cluich agus ag ionnsachadh, tha mi a' meudachadh mo thuigse mu dè tha cothromach agus dè nach eil, agus mu cho cudromach 's a tha e a bhith a' toirt cùram do, a' roinneadh agus a' co-obrachadh le, daoine eile. RME 0-02a	An dèidh sgeulachdan às a' Bhioball agus sgeulachdan Crìosdail eile a leughadh, 's urrainn dhomh mo thuigse, a tha a' sior fhàs mu phrìomh luachan Crìosdaidheachd a shealltainn, agus mar a dh'fhaodadh iad a bhith air an cur an gnìomh ann am beatha dhaoine agus choimhearsnachdan. RME 1-02a	Tro rannsachadh agus smaoineachadh mu bheatha agus teagasg Ìosa agus prìomh fhigearan Crìosdail, agus a' tarraing air luachan moralta, a tha air an innse ann an Crìosdaidheachd, tha mi a' tòiseachadh a' tuigsinn mar a thug iad buaidh air moraltaichd Crìosdail. RME 2-02a	An dèidh smaoineachadh mu fhreagairtean Crìosdail do cheistean moraltaichd, 's urrainn dhomh bruidhinn mu dhòighean air cruthachadh coimhearsnachd nas cearta, nas co-ionann, nas co-fhaireachdainneile agus nas foighidnìche. RME 3-02a	Tro dhiofar cheistean moraltaichd a rannsachadh, 's urrainn dhomh smaoineachadh air freagairtean Crìosdail do na ceistean sin, agus an ceangal rim luachan fhìn, a tha a' sior leasachadh. RME 4-02a
		'S urrainn dhomh tuigsinn prìomh fheartan luachan Chrìosdaidheachd, a tha air an sealltainn ann an sgeulachdan. RME 1-02b	'S urrainn dhomh mo bheachdan a tha a' sior fhàs mu luachan, mar cothromachd agus co-ionannachd agus gràdh, cùram, co-roinneadh agus còirean daonna a shealltainn. RME 2-02b	'S urrainn dhomh mo thuigse a tha a' sior fhàs mu luachan moralta a shealltainn, tro bhith a' gabhail pàirt ann an tachartasan agus pròiseactan a tha a' dèanamh diofar dheimhinneach do dhaoine eile. RME 3-02b	'S urrainn dhomh mo thuigse a tha a' fàs mu mhoraltachd a shealltainn airson beachdachadh air diofar cheistean moralta, airson dòighean a lorg a dh'fhaodadh coimhearsnachd nas cearta agus nas co-fhaireachdainneile a thoirt air adhart. RME 4-02b
				'S urrainn dhomh innse mar a tha luachan Crìosdaidheachd a' cur ri, agus a' dùbhlachadh, coimhearsnachd na h-Alba agus coimhearsnachdan eile. RME 3-02c	'S urrainn dhomh mìneachadh mar a tha luachan Crìosdaidheachd a' cur ri, agus a' dùbhlachadh, coimhearsnachd na h-Alba agus coimhearsnachdan eile. RME 4-02c

Crìosdaidheachd (a' leantainn)

	Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
Cleachdaidhean agus traidiseanan	<p>Tha mi a' fàs mothachail air cho cudromach 's a tha comharrachadh, fèillean agus cleachdaidhean ann am beatha dhaoine Crìosdail.</p> <p style="text-align: right;">RME 0-03a</p>	<p>Tro rannsachadh nan coimhearsnachan Crìosdail nam sgìre ionadail, tha mi a' faighinn a-mach mar a tha coimhearsnachdan Crìosdail a' sealltainn an creideasan tro ùrnaigh, adhradh agus seirbheisean spèisealta, agus tha mi a' leudachadh spèis do chleachdaidhean agus thraidiseanan dhaoine eile.</p> <p style="text-align: right;">RME 1-03a</p>	<p>Tha mi a' meudachadh m' eòlais agus mo thuigse mu dhiofar sheòrsaichean adhradh agus fuigheallan Crìosdail, agus 's urrainn dhomh mineachadh cho cudromach 's a tha iad do Chriosdaidhean.</p> <p style="text-align: right;">RME 2-03a</p>	<p>Tro rannsachadh, agus meòrachadh air traidiseanan, cleachdaidhean agus nòsan Crìosdail, 's urrainn dhomh mineachadh am brìgh do Chriosdaidhean thar raon de Thraidiseanan Crìosdail Albannach.</p> <p style="text-align: right;">RME 3-03a</p>	<p>Tro rannsachadh diofar thraidiseanan, chleachdaidhean agus nòsan Crìosdail, 's urrainn dhomh am brìgh ann an raon de Thraidiseanan Crìosdail a mhìneachadh, agus 's urrainn dhomh beachdachadh air an àite aca sin ann am beatha creideimh cho-aimsireil na h-Alba.</p> <p style="text-align: right;">RME 4-03a</p>
		<p>Tha mi a' faighinn barrachd fios mu na dòighean sam bi Crìosdaidhean a' comharrachadh diofar amannan den bhliadhna, agus 's urrainn dhomh iad sin a cheangal rim bheatha fhìn agus ris a' choimhearsnachd.</p> <p style="text-align: right;">RME 1-03b</p>	<p>Tro rannsachadh nan dòighean sam bi Crìosdaidhean a' comharrachadh prìomh thachartasan beatha agus amannan den bhliadhna, 's urrainn dhomh mineachadh prìomh fheartan mar fhèillean agus shubhachasan.</p> <p style="text-align: right;">RME 2-03b</p>	<p>'S urrainn dhomh cleachdaidhean agus traidiseanan Crìosdaidheachd a mhìneachadh, agus smaoinichidh mi air an dòigh san tug iad buaidh air coimhearsnachd na h-Alba.</p> <p style="text-align: right;">RME 2-03c</p>	<p>Tha mi a' toirt air adhart mo thuigse mu iomadachd creideimh na h-Alba an taobh a-staigh Crìosdaidheachd, agus an t-àite aig creideamh anns a' choimhearsnachd.</p> <p style="text-align: right;">RME 3-03b</p>

Creideamhan an t-saoghail air an taghadh airson sgrùdadh

	Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
Creideasan	<p>Mar a bhios mi a' rannsachadh sgeulachdan, iomhaighean, ceòl agus dàin, tha mi a' fàs nas eòlaiche air creideasan co-cheangailte ri creideamhan an t-saoghail, mu bheil mi ag ionnsachadh.</p> <p>RME 0-04a</p>	<p>Tro rannsachadh sgeulachdan bho chreideamhan an t-saoghail, 's urrainn dhomh iomradh a dhèanamh air cuid de am prìomh chreideasan.</p> <p>RME 1-04a</p> <p>Le bhith a' sgrùdadh cuid de dh'àiteachan agus a' rannsachadh fhuigheallan, tha mi a' toirt air adhart m' eòlais air creideasan ceangailte ri creideamhan an t-saoghail, agus mo mhothachadh air an àite ann an coimhearsnachd na h-Alba agus an t-saoghail.</p> <p>RME 1-04b</p> <p>'S urrainn dhomh bruidhinn mun chreideasan fhìn, no an cur an cèill ann an dòighean eile.</p> <p>RME 1-04c</p>	<p>Tro rannsachadh agus smaoinichadh air sgeulachdan chreideamhan an t-saoghail, 's urrainn dhomh mo thuigse mu na sgeulachdan sin a shealltainn.</p> <p>RME 2-04a</p> <p>Tro bhith a' rannsachadh beatha agus teagasg dhaoine sònraichte ann an creideamhan an t-saoghail, tha mi a' meudachadh m' eòlais agus mo thuigse mu am prìomh chreideasan.</p> <p>RME 2-04b</p> <p>'S urrainn dhomh mo thuigse mu chreideasan a tha ceangailte ri creideamhan an t-saoghail a shealltainn, agus na h-ionannachdan, is rannsachadh na diofaran eadar iad sin agus mo chreideasan-sa, a tha a' sior leasachadh.</p> <p>RME 2-04c</p>	<p>An dèidh smaoinichadh mu bhunan bho chreideamhan an t-saoghail, 's urrainn dhomh mìneachadh cuid de phrìomh chreideasan mu dhiadhachd, an suidheachadh daonna agus an saoghal nàdarra, agus mar a tha na creideasan sin a' leantainn orra gu gnìomhan, a thaobh luchd-leantainn nan creideamhan sin.</p> <p>RME 3-04a</p> <p>Tro rannsachadh agus smaoinichadh mu mar a bhios luchd-leantainn chreideamhan an t-saoghail a' cur an creideasan an gnìomh, 's urrainn dhomh smaoinichadh mu thoraidhean mu bhith a' cur mo chreideasan fhìn an gnìomh.</p> <p>RME 3-04b</p> <p>'S urrainn dhomh raon de chreideasan a mhìneachadh, a tha aig luchd-leantainn chreideamhan an t-saoghail mu 'na ceistean deireannach' agus com-pàirteachadh ann an còmhraidhean mun deidhinn.</p> <p>RME 3-04c</p> <p>'S urrainn dhomh eisimpleirean a shealltainn mu mar a tha creideasan chreideamhan an t-saoghail a' cur ri leasachadh na h-Alba, a-nis agus san àm adh'fhalbh.</p> <p>RME 3-04d</p>	<p>An dèidh smaoinichadh mu phrìomh chreideasan ann an chreideamhan an t-saoghail, 's urrainn dhomh beachdan reusanta mun deidhinn a chur an cèill agus bruidhinn air mar a dh'fhaodadh an cur an gnìomh buaidh a thoirt air daoine fa leth agus air a' choimhearsnachd, agus 's urrainn dhomh taic a chur, le misneachd, rim fhreagairtean do na ceistean creideis sin.</p> <p>RME 4-04a</p> <p>'S urrainn dhomh mìneachadh mar a tha creideasan ann an chreideamhan an t-saoghail a' cur ri leasachadh na h-Alba, a-nis agus san àm dh'fhalbh.</p> <p>RME 4-04b</p>

Creideamhan an t-saoghail air an taghadh airson sgrùdadh (a' leantainn)

	Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
Luachan agus ceistean	Nuair a bhios mi a' cluich agus ag ionnsachadh, tha mi a' leasachadh mo thuigse mu dè tha cothromach agus dè nach eil, agus mu chudromachd a bhith a' toirt cùram do, a' co-roinneadh ri, agus a' co-obrachadh còmhla ri daoine eile. RME 0-05a	An dèidh sgeulachdan bho chreideamhan an t-saoghail a rannsachadh, 's urrainn dhomh mo thuigse, a tha a' sior leasachadh, a shealltainn mu phrìomh luachan nan creideamhan sin agus mar a dh'fhaodadh iad a bhith air an cur an gnìomh ann am beatha dhaoine agus anns na coimhearsnachdan. RME 1-05a	Tro rannsachadh agus smaoineachadh mu bheatha agus theagasg dhaoine sònraichte ann an creideamhan an t-saoghail, agus a' tarraing air luachan moralta mar a tha iad air an cur an cèill anns na sgrìobtairean creideimh agus ann an sgeulachdan eile, tha mi a' tòiseachadh a' tuigsinn mar a bha buaidh aca air moraltaidh chreideamhan an t-saoghail. RME 2-05a	Tro rannsachadh agus smaoineachadh mu fhreagairtean chreideamhan an t-saoghail do cheistean moraltaidh, 's urrainn dhomh bruidhinn mu dhòighean mu chruthachadh coimhearsnachd a tha nas cearta, nas co-ionnann, nas co-fhaireachdainneile agus nas foighidniche. RME 3-05a	Tro rannsachadh diofar cheistean moraltaidh, 's urrainn dhomh beachdachadh air freagairtean chreideamhan an t-saoghail do na ceistean sin, agus mun co-cheangal ri mo luachan leasachail fhìn. RME 4-05a
		'S urrainn dhomh iomradh a dhèanamh air prìomh fheartan ann an luachan chreideamhan an t-saoghail, a tha air an cur an cèill ann an sgeulachdan. RME 1-05b	'S urrainn dhomh mo bheachdan, a tha a' sior leasachadh, a roinn a thaobh luachan, mar cothromachd agus ionannachd agus gràdh, cùram, co-roinneadh agus còirichean daonna. RME 2-05b	'S urrainn dhomh mo thuigse, a tha a' sior fhàs, a shealltainn mu luachan moralta, tro chom-pàirteachadh ann an tachartasan agus pròiseactan a bhios a' dèanamh diofar dheimhinneach do dhaoine eile. RME 3-05b	'S urrainn dhomh mineachadh mar a tha luachan chreideamhan an t-saoghail a' cur ri, agus a' dùbhlachadh, coimhearsnachdan na h-Alba agus coimhearsnachdan eile. RME 3-05c

Creideamhan an t-saoghail air an taghadh airson sgrùdadh (a' leantainn)

	Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
Cleachdaidhean agus traidiseanan	Tha mi a' fàs mothachail mu chudromachd comharrachaidh, fhèillean agus chleachdaidhean ann am beatha dhaoine aig a bheil creideamh. RME 0-06a	Tha mi a' faighinn a-mach mar a bhios luchd-leantainn chreideamhan an t-saoghail a' sealltainn an creideas an t-ùrnaigh/beachd-smaoineachadh, adhradh agus seirbheisean spèisealta, agus tha mi a' meudachadh mo spèis do chleachdaidhean agus thraidiseanan dhaoine eile. RME 1-06a	Tha mi a' meudachadh m' eòlais agus mo thuigse mu dhiofar sheòrsaichean adhradh agus fhuigheallan ann an creideamhan an t-saoghail, agus 's urrainn dhomh mìneachadh an cudromachd do luchd-leantainn chreideamhan an t-saoghail. RME 2-06a	Rannsaich, agus smaoinich mi mu prìomh sheirbheisean agus chleachdaidhean chreideamhan an t-saoghail, agus 's urrainn dhomh mìneachadh am brìgh do luchd-leantainn nan creideamhan. RME 3-06a	Tro rannsachadh diofar thraidiseanan, chleachdaidhean agus nòsan chreideamhan an t-saoghail, 's urrainn dhomh beachdachadh air an àite aca sin sa bheatha cho-aimsireil. RME 4-06a
		Tha mi a' toirt air adhart mothachadh mu na dòighean anns am bi luchd-leantainn chreideamhan an t-saoghail a' cumail diofar amannan den bhliadhna, agus 's urrainn dhomh iad sin a cheangal rim bheatha agus rim choimhearsnachd fhìn. RME 1-06b	Tro rannsachadh, agus le bhith a' meòrachadh air na dòighean a bhios luchd-leantainn chreideamhan an t-saoghail a' cumail prìomh thachartasan beatha agus amannan den bhliadhna, 's urrainn dhomh mìneachadh prìomh fheartan an leithid sin de fhèillean agus shubhachasan. RME 2-06b		
			'S urrainn dhomh mìneachadh agus meòrachadh a dhèanamh, air cleachdaidhean agus traidiseanan chreideamhan an t-saoghail. RME 2-06c	Tha mi a' meudachadh mo thuigse mu iomadachd creideimh na h-Alba, a thuilleadh air an àite a tha aig creideamh sa choimhearsnachd. RME 3-06b	'S urrainn dhomh smaoineachadh mu mo fhreagairtean fhìn do na dùbhlain agus na cothroman a tha am follais tro iomadachd creideimh agus cultair na h-Alba, agus an smuain seo a leudachadh chun an t-suidheachaidh chruinneil. RME 4-06b

Leasachadh chreideasan agus luachan

Bu chòir dèiligeadh ri na h-eòlasan agus na builean seo tro shuidheachadh nan eòlasan agus nam builean airson Crìosdaidheachd, agus creideamhan an t-saoghail a thaghadh airson sgrùdadh. Cha chòir am faicinn mar rudan air leth rim planadh, ach air an toinneamh ri na h-eòlasan agus builean airson Crìosdaidheachd agus creideamhan an t-saoghail, a tha air an taghadh airson ionnsachadh. Bu chòir dhaibh cuideachd comas a thoirt seachad airson smaoinneachadh mu raon de thraidiseanan agus bheachdan spioradail neo-eisimeileach ann an creideamh sam bith.

	Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
	Tha mi a' leudachadh spèis do dhaoine eile agus mo thuigse mun creideasan agus luachan. RME 0-07a / 1-07a / RME 2-07a / RME 3-07a / RME 4-07a				
	Tha mi a' leudachadh mothachadh agus tuigse, a tha a' sìor fhàs, mu mo chreideasan fhìn agus tha mi gan cur an gnìomh ann an dòighean deimhinneach. RME 1-08a / RME 2-08a / RME 3-08a / RME 4-08a				
	Nuair a bhios mi a' cluich agus ag ionnsachadh, tha mi a' toirt air adhart mo thuigse mu dè tha cothromach agus dè nach eil, agus mun adhbhar gu bheil cùram agus co-roinneadh cho cudromach. RME 0-09a	Tha' mi a leasachadh mothachadh gu bheil creideasan agus luachan aig cuid de dhaoine a tha neo-eisimeileach bho chreideamh. RME 1-09a	Tha mi a' meudachadh mo thuigse mu mar a tha an creideasan fhèin a' tighinn gu daoine, agus tha mi a' dèanamh barrachd adhartais mu mo mhothachadh air gu bheil iomadachd creideis ann an Alba an-diugh. RME 2-09a	Tro smaoinneachadh agus tro chòmhradh, 's urrainn dhomh raon de chreideasan a tha aig daoine a mhìneachadh, agus 's urrainn dhomh com-pàirteachadh ann an còmhraidhean mu 'na ceistean deireannach'. RME 3-09a	Tro smaoinneachadh agus beachdachadh air raon de chreideamhan, chreideasan agus beachdan moralta, 's urrainn dhomh beachdan fiosraichte a chur an cèill mu mar a dh'fhaodadh cur an gnìomh nan creideasan agus nan luachan sin atharraichean a thoirt sa choimhearsnachd. RME 4-09a
			Tha mi a' toirt air adhart mo thuigse mu gu bheil creideasan agus luachan aig daoine, a tha stèidhichte air suidheachaidhean creideimh agus suidheachaidhean eile. RME 2-09b	Tha mi a' leudachadh mo thuigse fhìn mu luachan leithid onair, spèis agus co-fhaireachdainn, agus 's urrainn dhomh comharrachadh mar a dh'fhaodadh na luachan sin a bhith air an cur an cèill a thaobh cheistean moralta. RME 3-09b	'S urrainn dhomh mo thuigse mu dhiofar bheachdan moralta a chur an cèill, a' gabhail a-steach an fheadhainn a tha neo-eisimeileach bho chreideamh, gu ceistean sònraichte moralta, agus tha mi mothachail air iomadachd bheachdan moralta a tha rim faighinn ann an Alba an-diugh. RME 4-09b

Leasachadh chreideasan agus luachan (a' leantainn)

	Tràth	A' chiad	An dàrna	An treas	An ceathramh
		<p>'S urrainn dhomh mo thuigse mu luachan a nochdadh, mar chùram, co-roinneadh, còthromachd, ionannachadh agus gràdh.</p> <p style="text-align: right;">RME 1-09b</p>	<p>'S urrainn dhomh mìneachadh mar a tha diofar dhaoine a' smaoinichadh gu bheil luachan, mar onair, spèis agus co-fhaireachdainn cudromach, agus tha mi a' sealltainn spèis do dhaoine eile.</p> <p style="text-align: right;">RME 2-09c</p>	<p>'S urrainn dhomh mìneachadh mar a tha na diofar chreideasan a tha aig daoine, a' gabhail a-steach chreideasan a tha neo-eisimeileach bho chreideamh, a' ceangal rim beachdan moralta agus mar a tha seo gan stiùireadh gu ceistean moralta a fhreagairt.</p> <p style="text-align: right;">RME 3-09c</p>	<p>'S urrainn dhomh mo fhreagairtean fhìn a mhìneachadh mu na buannachdan agus na dùbhlain a tha air an sealltainn le iomadachd creideimh, agus a tha a' sìor leasachadh, ann an Alba an-diugh agus san t-saoghal air fad.</p> <p style="text-align: right;">RME 4-09c</p>
		<p>Tha mi a' fàs mothachail gu bheil creideasan agus luachan dhaoine a' toirt buaidh air an gnìomhan.</p> <p style="text-align: right;">RME 1-09c</p>	<p>Tha mi a' toirt air adhart mo thuigse mu mar a tha mo chreideasan fhìn agus creideasan dhaoine eile a' toirt buaidh air ar gnìomhan.</p> <p style="text-align: right;">RME 2-09d</p>	<p>Tha mi a' leudachadh mo thuigse mu nàdar creideis agus moraltachd.</p> <p style="text-align: right;">RME 3-09d</p>	<p>'S urrainn dhomh sgrùdadh bunaiteach a thairgsinn mu thùsan agus leasachadh chreideasan agus moraltachd.</p> <p style="text-align: right;">RME 4-09d</p>
					<p>'S urrainn dhomh ceistean a chur an cèill airson ceistean no cùisean beusanta a rannsachadh.</p> <p style="text-align: right;">RME 4-09e</p>

Eàrr-ràdh – Mìneachaidhean

0-01a, 1-01a, 2-01a

Bhiodh na sgeulachdan Bìobaill a dheidheadh a thaghadh, freagarrach don cho-theacsa agus don sgoilear. Bhiodh e cudromach cuideachd dèanamh cinnteach gu bheil an ‘teachdaireachd’ san sgeulachd mar fhòcas, mar eisimpleir, bu chòir do sgeulachd Àirc Noah cùisean mar peanas, mathanas agus nàdar Dhè a rannsachadh. Bu chòir deagh chùram a ghabhail airson dèanamh cinnteach gu bheil sgoilearan mothachail gum faod gach creideamh am mìneachadh fhèin a thoirt às an sgeulachd – a’ daingneachadh cudromachd dlùth cheangal le riochdairean creideimh ionadail.

2-01b

Dh’fhaodadh prìomh dhaoine Crìosdail a bhith nan caractaran eile às a’ Bhìoball seach Ìosa – mar eisimpleir, na deisciobail agus Pòl. Dh’fhaodadh iad cuideachd a bhith nan daoine bho thaobh sònraichte de thraidisean eachdraidheil Chrìosdaidheachd leithid Phàpan agus Phrìomh-athraichean, Naomhan no dhaoine Crìosdail ainmeil eile agus bu chòir barrachd dhaoine Crìosdail co-aimsireil a bhith air an gabhail a-steach.

3-01a

Tha an ‘suidheachadh daonna’ a’ còmhdach mòran bhun-bheachdan. San fharsaingeachd, tha e co-cheangailte ris a’ chomas dhaonna sònraichte air beachdachadh reusanta, fèin mheòrachail. Ach, tha e co-cheangailte cuideachd ris an aomadh dhaonna a thaobh ghnìomhan olc cho math ri gnìomhan matha. 'S e a tha air an sgrùdadh an seo ach nàdar an duine agus mar sin, creideasan agus luachan.

0-04a

Tha Islam a’ cur bacadh air cleachdadh iomhaighean agus ceòl an lùib ghnòthaichean creideimh, agus mar sin, cha bhiodh iad sin air an cleachdadh. Ach, dh’fhaodadh ealain làmh-sgrìobhaidheil Islamach a bhith air an rannsachadh sa cho-theacsa seo. Mar an ceudna, tha an creideamh lùdhach a’ cur bacadh air iomhaighean. Bu chòir do luchd-teagaisg dèanamh cinnteach gu bheil am meadhan a thathar a’ cleachdadh freagarrach don chreideamh a thathar a’ rannsachadh, agus bu chòir co-chonaltradh ris an dachaigh agus ri riochdairean creideimh ionadail airson a bhith cinnteach à seo.

1-04b, 2-06a

Bu chòir do fhuigheallan uile a bhith air an làimhseachadh le spèis a tha freagarrach do chreideasan a’ chreideimh dom buin iad. Bu chòir do luchd-teagaisg a bhith cinnteach às na creideasan co-cheangailte ris an fhuigheall cho math ris a’ bhrìgh air a chùil. A-rithist, tha co-chonaltradh ri riochdairean creideimh cudromach an seo.

2-04b, 2-05a

Bu chòir do luchd-teagaisg co-chonaltradh ri riochdairean creideimh ionadail, airson dèanamh cinnteach gu bheil ‘daoine sònraichte’ a’ faotainn an àite a tha iad a’ faighinn bho luchd-leantainn a’ chreideimh àraidh sin. Faodadh tadhalan bho riochdairean creideimh a bhith mar chothrom air ionnsachadh mu dheidhinn, maille ri ionnsachadh bho luchd-teagaisg.

3-04d, 3-06b, 4-06b, 4-09b, 4-09c

Dh’fhaodte rannsachadh a dhèanamh air na feartan eachdraidheil agus dualchasach a thug buaidh air leasachadh chreideasan, bho chreideasan Pàganach na h-Alba gu tighinn na Crìosdaidheachd agus o chionn ghoirid tighinn nan siostaman creideimh bho air feadh an t-saoghail. Bheireadh seo beachd mu Alba nua-aimsireil a tha air a dèanamh saidhbir le mòran chreideasan agus chultaran eadar-mheasgte. Bhiodh e cudromach an seo rannsachadh a dhèanamh air leasachadh nàdar sòisealta, cultarach agus creideamhach ann an cultaran na coimhearsnachd ionadail.

0-07a, 1-07a, 2-07a, 3-07a, 4-07a

Mar a bhios clann agus daoine òga a' fàs agus a' leasachadh, bidh an cuid spèis do dhaoine eile air fhiosrachadh tro mhothachadh meudaichte, agus tuigse mu iomadachd chreideasan agus luachan a tha aig daoine eile. Bu chòir do eòlasan taic a thoirt dhaibh airson an comas a leasachadh ann a dhol an sàs ann an cùisean nas iomadh-fhillte agus cuideachadh le bacadh a chur air claon-bhreith agus do-ghiùlan.

2-09d

Bhiodh seo air a choileanadh na b' fheàrr tro cheangal ghnìomhan dhaoine, 'ainmeil' no air a chaochladh, ris na creideasan agus na luachan a tha a' cumail suas nan gnìomhan sin. Mar eisimpleir, luchd-gearain cogaiseach aig àm a' chogaidh, a' rannsachadh nan daoine a ghabh seo os làimh, stèidhichte air creideasan creideimh agus iadsan a rinn seo stèidhichte air adhbharan neo-chreideamhach.

3-09a

Tha ceistean deireannach a' toirt iomradh air cùisean bitheil a leithid, 'Carson a tha beatha ann?', 'A bheil Dia ann?', 'Dè thachras às dèidh a' bhàis?' agus mar sin air adhart. Dh'fhaodadh e a bhith na bhuannachd tòiseachadh le clann agus daoine òga fhèin a' togail nan cùisean airson deasbad agus faodaidh seo a bhith aig ìre sam bith. Tha na ceistean seo a' dol gu cridhe Eòlas Creideimh agus Moraltachd a thaobh sireadh airson 'brìgh, luach agus adhbhar beatha'.

Dh'fhaodadh creideamhan an t-saoghail measgachadh de bheachdan a thairgsinn air na cuspairean seo. Tha co-chonaltradh ri riochdairean creideimh cudromach an seo. Bu chòir do luchd-teagaisg a bhith cùramach na ceistean seo a rannsachadh bho shealladh a tha in-ghabhalach.

3-09c

Bhiodh deasbad a dhìth san roinn seo mu dheidhinn dè tha a' dèanamh suas creideamh (no siostam neo-chreideamhach). A thuilleadh air sin, bhiodh luchd-ionnsachaidh a' rannsachadh 'traidiseanan spioradail eile'. Dh'fhaodadh iad sin meuran de chreideamhan nas traidiseanta (mar eisimpleir Mothachadh Krishna) no traidiseanan sònraichte leithid buidhnean Tùsanach Astràilia a ghabhail a-steach. Ach, thathar an dùil gum biodh siostaman chreideasan agus luachan nas eagraichte a leithid Daonnachas air a rannsachadh an seo. Dh'fhaodadh nach e bun-bheachd furasta a th' ann an creideamhan nach eil nan creideamhan air feadh an t-saoghail – mar eisimpleir, tha luchd-leantainn aig a' chreideamh Bahai bho air feadh an t-saoghail. Tha Confucianas cho mòr na shiostam feallsanachdail agus a tha e na chreideamh.

3-09d

Tha seo a' rannsachadh nan tùsan saidhc-eòlach agus sòisealta de chreideas – mar eisimpleir, cudromachd riaghailtean sòisealta ann am buidheann sam bith agus sparradh dhiadhachdan a-steach ann. Dh'fhaodadh e cuideachd diofar bheachdan moralta a sgrùdadh a leithid Utilitarianas co-aimsireil, modhannan bheusan msaa.

4-09e

Tha ceasnachadh feallsanachdail mar alt teagaisg a' ciallachadh rannsachadh air creideasan, luachan, cleachdaidhean agus traidiseanan tro smaoineachadh breithneachail, meòrachadh agus mion-sgrùdadh. Tha e cuideachd a' toirt cothrom do luchd-ionnsachaidh na cùisean sin a rannsachadh a thaobh am brìgh bitheil agus mar sin, a' seachnadh dòigh-obrach shimplidh stèidhichte air susbaint. Faodaidh sgilean ceasnachaidh feallsanachdail a bhith air an leasachadh ron cheathramh ìre.